

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gaidheal (103.5-105 FM). It is broadcast at 11.50 a.m. every Friday, with a repeat at 10.55 a.m. the following day. This is Litir 418. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which goes to air around 7.00pm on Monday evenings between Siubhal gu Seachd and Rapal. Litir Bheag 114 corresponds to Litir 418. Both programmes are available on the BBC website at bbc.co.uk/alba/foghlam.

Chan eil Eilean Mhanainn mar phàirt dhen Rìoghachd Aonaichte. Tha e co-cheangailte ris a' Chrùn, ge-tà. 'S i a' Bhanrigh Tighearna Mhanainn. Ach chan eil ball pàrlamaid Manainneach ann an Taigh nan Cumantan. Tha pàrlamaid aca fhèin.

'S e Tinvaal ainm na pàrlamaid. No *Tynwald* ann am Beurla. Nuair a bha mi anns an eilean, chaidh mi gu dà àite co-cheangailte ri Tinvaal. B' iad sin taigh na pàrlamaid agus *Cronk Keeill Eoin* – no Cnoc Cill Eòin. Tha taigh na pàrlamaid ann an Doolish, am prìomh bhaile. Agus air Cronk Keeill Eoin – no *Tynwald Hill* – bidh a' phàrlamaid a' coinneachadh a-muigh. Tha sin a' tachairt air aon latha anns an Iuchar gach bliadhna. An còigeamh latha dhen Iuchar. Latha Nàiseanta Eilean Mhanainn.

Tha trì seòmraichean ann an Tinvaal. Bha mi anns a h-uile seòmair còmhla ri fear air a bheil *Speaker of the House of Keys*. 'S e ainm annasach a tha sin – *House of Keys*. Tha iad ag ràdh gun tàinig e bho Ghàidhlig Eilean Mhanainn. Anns a' Ghàidhlig aca, 's e *Yn Kiare As Feed*. Tha sin a' ciallachadh An Ceithir Air Fhichead. *The twenty-four*. Agus saoil cia mhead ball a th' aca? Seadh – ceithir air fhichead – no fichead 's a ceithir.

Bha barrachd na sin ann nuair a bha eileanan na h-Alba mar phàirt de Rìoghachd Mhanainn 's nan Eilean. Aig an àm sin bha trithead 's a dhà buill sa phàrlamaid. Bha sia duine deug ann à Eilean Mhanainn. Agus bha sia-deug eile ann à eileanan na h-Alba – Leòdhas, an t-Eilean Sgitheanach, Muile agus Ìle. An-diugh tha dìreach fichead 's a ceithir ann. Agus chan eil duine ann à eileanan na h-Alba.

Tha dàrna seòmair sa phàrlamaid – *Yn Choonseil Slattyssagh* no Legislative Council. Tha aona bhall deug air. 'S e an treas seòmair *Quaaiyl Tinvaal* no Tynwald Court, a th' air a dhèanamh de bhuill an dà sheòmair eile. Bidh iad a' tighinn còmhla turas sa mhìos. 'S e siostam poilitigeach iongantach a th' aca ann an Eilean Mhanainn.

* * * * *

Faclan is abairtean: mar phàirt dhen Rìoghachd Aonaichte: *part of the United Kingdom*; co-cheangailte ris a' Chrùn: *linked to the Crown*; 's i a' Bhanrigh Tighearna Mhanainn: *the Queen is the Lord of Mann*; Taigh nan Cumantan: *the House of Commons*; Cronk Keeill Eòin: *St Johns*; tha taigh na pàrlamaid ann an Doolish: *the parliament house is in Douglas*; bidh a' phàrlamaid a' coinneachadh a-muigh: *the parliament meets outside*; air aon latha anns an Iuchar: *on one day in July*; còigeamh: *fifth*; Latha Nàiseanta Eilean Mhanainn: *the National Day of the Isle of Man*; trì seòmraichean: *three chambers*; bha mi anns a h-uile seòmar: *I was in every chamber*; saoil cia mhead ball a th' aca?: *how many members do you think they have?*; seadh – ceithir air fhichead: *aye - 24*; Rìoghachd Mhanainn 's nan Eilean: *The Kingdom of Man and the Isles*; trithead 's a dhà: *32*; Leòdhas, an t-Eilean Sgitheanach, Muile agus Ìle: *Lewis, Skye, Mull and Islay*; dàrna: *second*; aona bhall deug: *11 members*; treas: *third*; a th' air a dhèanamh de bhuill an dà sheòmair eile: *that is made [up] of members of the other two chambers*; turas sa mhìos: *once a month*; 's e siostam poilitigeach iongantach a th' aca: *it's a surprising/wonderful/amazing political system they have*

ends